

Pàipear-taice 1. Plana Buileachaidh

Amasan àrd-ìre	Gnìomhan	Prìomh raon seirbheis
<p>1.1 Dèan cinnteach gun leasaich clann agus daoine òga ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG) mothachadh làidir air cultar is coimhearsnachd na Gàidhlig, ceangailte ri feallsanachd, lèirsinn agus amasan nan sgoiltean aca.</p>	<p>Thèid seo a thoirt air adhart ann an co-obrachadh le com-pàirtichean, a’ gabhail a-steach Comunn na Gàidhlig</p> <p>Mar a tha air a mhìneachadh nar Plana Leasachaidh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig:</p> <ol style="list-style-type: none"> 1. A’ cumail ri <i>Edinburgh Learns for Life</i> agus stiùireadh nàiseanta, thoir sùil a-rithist air agus ùraich amasan is lèirsinn na sgoile ann an co-chomhairle ri luchd-ionnsachaidh agus teaghlaichean 2. Leasaich agus àrdaich com-pàirteachasan gus taic a thoirt do leasachadh ann an: <ul style="list-style-type: none"> • Sgil agus misneachd sa Ghàidhlig (luchd-ionnsachaidh, luchd-obrach, teaghlaichean) • Oide-eòlas bogaidh (luchd-obrach) • Tuigse de agus conaltradh le cultar na Gàidhlig (luchd-ionnsachaidh, luchd-obrach, teaghlaichean) • Curraicealam – eòlas luchd-ionnsachaidh 3. Co-cheangailte ri pròiseact Capital Gaelic, leasaich cothroman airson conaltradh cànan beairteach do luchd-ionnsachaidh taobh a-muigh a’ chlas, buidhnean Gàidhlig sa choimhearsnachd – còisirean, buidhnean luchd-ionnsachaidh inbheach, msaa. 4. Stèidhich agus neartaich lìonraidhean taiceil a' toirt a-steach com-pàirteachasan le ùghdarrasan ionadail agus buidhnean nàiseanta. 	<p>Foghlam, Coimhearsnachdan agus Teaghlaichean</p>


Pàipear-taice 1

Amasan àrd-ìre	Gnìomhan	Prìomh raon seirbheis
<p>1.2 A’ toirt taic ghnìomhach do choimhearsnachd na Gàidhlig nan oidhirpean gus ionad coimhearsnachd Ghàidhlig a leasachadh, ceangailte ri solar FMG, tro chom-pàirteachas dlùth le coimhearsnachd Ghàidhlig a’ bhaile.</p>	<p>Thoir taic do Ionad Gàidhlig Dhùn Èideann leis an amas aca planaichean a leasachadh airson Ionad Gàidhlig ann an Dùn Èideann m.e. tro chomhairle air leasachadh Cùis Gnothachais, ceangal ri leasachadh Ro-innleachd Ionad Coimhearsnachd na Comhairle (far a bheil sin iomchaidh).</p> <p>Thoir taic do na suidheachaidhean sgoile againn gus a dhol an sàs ann am planadh agus leasachadh an ionaid.</p>	<p>A h-uile Buidheann-stiùiridh</p>
<p>1.3 Lean air adhart a’ leasachadh conaltradh le coimhearsnachdan Gàidhlig gus barrachd com-pàirt a chumail ri sgoiltean FMG</p>	<p>Mar a tha air a mhìneachadh nar Plana Leasachaidh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus ceangailte ris a’ phròiseact Capital Gaelic:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Leasaich agus cuir air adhart com-pàirteachasan Gàidhlig ionadail agus nàiseanta • Dèan cinnteach gu bheil ar com-pàirteachasan Gàidhlig co-obrachail agus èifeachdach (m.e. le bhith a’ cleachdadh an fhiosrachaidh a th’ air a chruinneachadh tro sgrùdadh com-pàirteachais sgoiltean). • Leasaich ionnsachadh còmhla tro mheadhan na Gàidhlig (Com-pàirteachadh Phàrant) 	<p>Foghlam, Coimhearsnachdan agus Teaghaichean</p>

Pàipear-taice 1

Amasan àrd-ìre	Gnìomhan	Prìomh raon seirbheis
1.4 Meudachadh air cleachdadh shoidhnichean dà-chànanach ann am prìomh làraich na Comhairle	Nuair a thathar an dùil soidhnichean ùrachadh air feadh a' bhaile, bheir a' chomhairle a-steach eadar-theangachaidhean Gàidhlig far a bheil sin iomchaidh, a' gabhail a-steach ùrachadh sam bith air brannd corporra san àm ri teachd. Brosnaichidh ALEOan na comhairle uile beachdachadh air soidhnichean/branndadh Gàidhlig no dà-chànanach nuair a thig soidhnichean/branndadh ùr no ath-nuadhaichte a-steach.	A h-uile Buidheann-stiùiridh
1.5 Meudaich susbaint Ghàidhlig air làrach-lìn na Comhairle	Lean air adhart a' rannsachadh chothroman gus barrachd susbaint Ghàidhlig a chur air làrach-lìn na Comhairle	A h-uile Buidheann-stiùiridh
1.6 Leasaich roghainnean do luchd-labhairt na Gàidhlig nuair a chuireas iad fios gu seirbheisean teachdaiche na Comhairle	Cuir air dòigh cùrsaichean mothachadh Gàidhlig do luchd-obrach aghaidh	Seirbheisean teachdaiche, le taic bho CGDO
1.7 Conaltradh agus prìomh sgrìobhainnean	Bidh an conaltradh a bhuineas gu dìreach do choimhearsnachd na Gàidhlig ri fhaighinn sa Ghàidhlig.	Seirbheisean Corporra
2.1 Lean air adhart a' leasachadh càileachd solar Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig bho 0-18 a rèir stiùireadh nàiseanta agus air a chumadh le com-pàirteachadh luchd-ùidh, a	Tha sinn dealasach a thaobh solar sheirbheisean FMG a leasachadh bho 0-18: 1. A' cumail oirnn a' neartachadh ar solar Cròileagain 0-3 agus a' leudachadh ruigsinneachd air feadh a' bhaile 2. Co-leanailteachd an t-solair 0-5 a leasachadh, a' gabhail a-steach leis an t-solarraiche com-pàirteach againn agus a' leantainn air adhart a' stèidheachadh dreuchd Oifigear Leasachaidh FMG TB.	Foghlam, Clann agus Teaghlach

Pàipear-taice 1

Amasan àrd-ìre	Gnìomhan	Prìomh raon seirbheis
tha a' toirt a-steach guthan chloinne agus dhaoine òga	<p>3. Taic a thoirt do leasachadh ro-innleachdail agus leasachadh FMG tro bhith dol an sàs le luchd-ùidh ann am Prògram Co-chomhairleachaidh air a stiùireadh le Luchd-ionnsachaidh.</p> <p>4. Mar a tha air a mhìneachadh nar Plana Leasachaidh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, leasaichidh ar prìomh ghnìomhan ùghdarrais agus sgoile solar thairis air na prìomh chuspairean a leanas:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Ceannas agus stiùireadh luchd-obrach • An Curraicealam • Eadar-ghluasadan • Com-pàirteachasan <p> GMEIP_HighLevel_2021.docx</p>	
2.2 Gabh os làimh an dleastanas fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 a bhith a' brosnachadh agus a' toirt taic, mar a bhios iomchaidh, do chomas foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig do luchd-còmhnaidh Comhairle Baile Dhùn Èideann, a' gabhail a-steach an cothrom a tha ann fon	11. Lean air adhart a' co-obrachadh le buidhnean a bheir taic do dhà-chànanas agus ionnsachadh cànan trath.	Foghlam, Clann agus Teaghlachan
	2. Dèan lèirmheas cuspaireil air solar Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig do chloinn ann an sgoiltean, teaghlachan agus luchd-ionnsachaidh inbheach	Foghlam, Clann agus Teaghlachan
	3. Cruthaich agus cuir air adhart stuthan teagaisg is ionnsachaidh airson Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a rèir Dòigh-obrach 1+2 Riaghaltas na h-Alba, a' gabhail a-steach trèanadh do thidsearan agus oidean.	Foghlam, Clann agus Teaghlachan
	4. Lean air adhart a' toirt taic do sgioba-obrach na Comhairle gus sgilean Gàidhlig a leasachadh gus ar geallaidhean agus àrd-amasan a choileanadh	Seirbheisean Corporra

Pàipear-taice 1

Amasan àrd-ìre	Gnìomhan	Prìomh raon seirbheis
Achd seo do phàrantan a bhith ag iarraidh stèidheachadh FMG.	<p>5. Lean air adhart a’ toirt taic do chothroman do phàrantan gus an cuid Gàidhlig a leasachadh tro bhith ag obair le sgiobaidhean Foghlaim agus ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd na Comhairle a’ gabhail a-steach:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Comharrachadh ghoireasan agus chothroman air an taobh a-muigh tro làraich-lìn sgoile agus comhairle, conaltradh meadhanan sòisealta, conaltradh sgoile, comhairlean phàrant 	Foghlam, Clann agus Teaghlaichean
3.0 Stiùir leasachadh pròiseict agus brannd Gàidhlig Capital, a’ togail air a’ chomas a th’ aige air coimhearsnachd chultarail is cànan na Gàidhlig agus roinn na turasachd a thoirt còmhla, ceangailte ri agus a’ toirt taic do leasachaidhean ann am FMG.	1. Lean air adhart a’ leasachadh agus a’ cumail suas com-pàirteachasan èifeachdach le raon de luchd-ùidh, ag obair còmhla gus amasan Capital Gaelic a libhrigeadh	Seirbheisean Corporra
	2. Obraich còmhla ri com-pàirtichean gus cothroman a chomharrachadh, fios agus eòlas a cho-roinn	Seirbheisean Corporra
	3. Tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air dòigh-obrach com-pàirteachais airson prògram de thachartasan Gàidhlig	Seirbheisean Corporra
	4. Neartaich ceanglaichean eadar sgoiltean, coimhearsnachd na Gàidhlig agus com-pàirtichean tro gnìomhan agus com-pàirteachasan eadar-ghinealach.	Seirbheisean Corporra Foghlam, Clann agus Teaghlaichean
	5. Brosnaich cothroman com-pàirt a ghabhail ann an tachartasan cultarail no ealain Ghàidhlig leithid Seachdain na Gàidhlig agus Mòd Ionadail Dhùn Èideann	Seirbheisean Corporra

Pàipear-taice 1

Amasan àrd-ìre	Gnìomhan	Prìomh raon seirbheis
	6. Cruthaich agus sgaoil bhidio sanasachd de sholar FMG gus taic a thoirt do chom-pàirteachadh coimhearsnachd agus trusadh ann an sgoiltean	Foghlam, Clann agus Teaghlaichean